



Scottish
Forestry / Coilltearachd
na h-Alba

PLANA GÀIDHLIG

2023 - 2028

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air Dimàirt 5 Sultain 2023

Ro-ràdh

Tha e na thoileachas mòr dhomh a' chiad Phlana Gàidhlig a-riamh aig Coilltearachd na h-Alba fhoillseachadh.

Tha àite fìor chudromach aig a' Ghàidhlig sa chruth-tìre, cultar agus dualchas againn. Tha seo gu sònraichte cudromach dhuinn oir tha ainmean nan litrichean ann an aibidil na Gàidhlig stèidhichte air ainmean craobhan dùthchasach na h-Alba.

Tha sinn dealasach a thaobh an àite as urrainn a bhith aig Coilltearachd na h-Alba ann a bhith a' cur ri inbhe, cleachdadh agus togail na Gàidhlig, an dà chuid gus amasan Bhòrd na Gàidhlig a thoirt air adhart agus gus cuideachadh le cur an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha am plana ùr seo a' toirt cothrom dhuinn sùil a thoirt air na tha sinn air coileanadh bho chaidh sinn nar Buidheann Riaghaltas na h-Alba ann an 2019 agus gus na gealltanasan againn dhan Ghàidhlig airson nan còig bliadhna ri teachd a dhearbhadh.

Tha am plana seo a' cur fòcas air a bhith a' cruthachadh ghoireasan conaltraidh thar nam prìomh raointean air a bheilear ag amas ann an Achd na Gàidhlig a' gabhail a-steach dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig follaiseach agus gu bheil luach ga chur innte, gum bi cothrom aig luchd-obrach air trèanadh mothachadh Gàidhlig agus trèanadh cànan tro bheatha a' phlana, a bharrachd air a bhith ag adhartachadh ar tairgse Ghàidhlig do na gnìomhachasan, coimhearsnachdan agus daoine fa leth leis a bheil sinn ag obair.

Tha sinn taingeil airson na taic leantainnich a tha sinn air faighinn bho Bhòrd na Gàidhlig agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri togail air an dàimh sin barrachd tro dheasachadh agus cur an gnìomh a' phlana againn.

Paul Lowe
Àrd-oifigear Eadar-amail Coilltearachd na h-Alba

Clàr-innse

1. Facal-tòiseachaidh	4
2. Prìomh phrionnsabalan	8
3. Gealltanasan a' Phlana	9
4. Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	22
5. Foillseachadh	22
6. Goireasachadh a' phlana	23
7. Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana	23
8. Am Plana Gàidhlig ann an Coilltearachd na h-Alba	24
9. Eàrr-ràdh 1 - Toraidhean na Co-chomhairle Poblach	26

1. Facal-tòiseachaidh

Is e Coilltearachd na h-Alba a' bhuidheann aig Riaghaltas na h-Alba a tha an urra ri poileasaidh, taic agus riaghladh na coilltearachd ann an Alba.

Is e buidheann adhartach a th' annainn a tha dealasach mun àite ro-chudromach a th' aig craobhan ann a bhith cur aghaidh air atharrachadh na gnàth-shìde agus call nàdair, a' cumail taic ris an eaconamaidh agus ri sunnd muinntir na h-Alba.

'S e an t-adhbhar againn a bhith a' stiùireadh agus a' leudachadh coilltean gus barrachd a libhrigeadh airson na h-Alba. Bidh sinn a' toirt seachad comhairle eòlach do Mhinistearan air poileasaidh coilltearachd, agus bidh sinn a' toirt taic do, agus ag obair le, uachdarain, proifeiseantaich coilltearachd, coimhearsnachdan agus raon farsaing de luchd-ùidh aig a bheil ùidh ann an coilltearachd air feadh na h-Alba.

Chaidh ar stèidheachadh air 1 Giblean 2019 agus ghabh sinn thairis obair Coimisean Coilltearachd na h-Alba, a chaidh a chruthachadh mar phàirt den reachdas a thug làn tiomnadh cumhachd air coilltearachd do dh'Alba. Tha luchd-obrach aig a' bhuidhinn ann an Oifis Nàiseanta ann an Dùn Èideann agus ann an còig oifisean glèidhteachais ionadail a tha sgapte air feadh na dùthcha.

www.forestry.gov.scot

Tha Coilltearachd na h-Alba ag obair air feadh na h-Alba agus tha seo a' ciallachadh gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig is na coimhearsnachdan Gàidhlig uile taobh a-staigh na sgìre sa bheil a' bhuidheann ag obrachadh. Mar sin, tha an sgìre seo a' gabhail a-steach a h-uile sgìre far a bheil daoine le comas Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh anns a' mhòr-chuid den t-sluagh.

1.1 A' Ghàidhlig agus Coilltearachd na h-Alba

Dh'obraich a' bhuidheann a bha ann romhainn, Coimisean na Coilltearachd, gu dlùth le Iomairt Coilltearachd Alba air sgrìobhadh is cur an gnìomh Plana Gàidhlig. Air fhoillseachadh ann an 2017, chuir e an cèill mar a bha na buidhnean airson:

- Gàidhlig a chleachdadh anns na prìomh dhleastanasan againn
- cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis a' phoball agus le prìomh chom-pàirtichean a chur an comas
- Gàidhlig a bhrosnachadh is a leasachadh taobh a-staigh na buidhne

Mar sin, tha deagh thoiseach tòiseachaidh air a bhith aig Coilltearachd na h-Alba a thaobh cleachdadh agus cur an comas cleachdadh na Gàidhlig; cho math ri brosnachadh agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne. Tha seo a' gabhail a-steach:

- Sgrìobhainnean Corporra le earrannan air an eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig (m.e. Plana Corporra, Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan).

- Soidhnichean dà-chànanach ann am prìomh àiteachan a' gabhail a-steach oifisean Nàiseanta is Glèidhteachais.
- Suaicheantas dà-chànanach air an làraich-lìn agus air sgrìobhainnean, èididhean agus carbadan corporra.
- Tha stuthan Gàidhlig sònraichte air an làraich-lìn a-muigh againn, a' gabhail a-steach stuthan ionnsachaidh airson aibidil na Gàidhlig a thaobh chraobhan agus eachdraidh de dh'àiteachan Gàidhlig.
- Cothrom Gàidhlig a bhrosnachadh tro na seanailean meadhanan sòisealta againn; tro fhiosan naidheachd agus tron obair Ghàidhlig againn.

1.2 Gàidhlig ann an Alba

A rèir Cunntas-sluaigh 2011, bha sgilean Gàidhlig aig mu 87,000 duine aois 3 is nas sine ann an Alba (mu 1.7% den t-sluaigh). B' iad Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Baile Ghlaschu na sgìrean comhairle leis an àireamh as motha de dhaoine aig an robh comasan Gàidhlig¹. Sheall an Cunntas-sluaigh cuideachd gu bheil mu 50% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach air a' Ghàidhealtachd agus sna na h-Eileanan, agus mu 50% a' fuireach sa chòrr den dùthaich.

Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn ann an iomadh ùghdarras ionadail, a' toirt cothrom do chloinn gluasad bho na tràth-bhliadhnaichean gu foghlam bun-sgoile is àrd-sgoile. Bha 6,197 sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns a' bhliadhna sgoile 2019/20. A bharrachd air seo, bha 103 bun-sgoiltean ann am foghlam tro mheadhan na Beurla a' teagasg na Gàidhlig mar chànan a bharrachd agus bha 3,605 sgoilearan anns an àrd-sgoil ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chuspair.²

Ge b' e dè na h-àireamhan iomlan a th' ann de luchd-labhairt na Gàidhlig, thathar an dùil gun lean na treandaichean de dh'àrdachadh ann an litearrachd, barrachd luchd-ionnsachaidh fileanta agus fàs ann an FtG, a' ciallachadh barrachd fèill air na seirbheisean air www.learnghaelic.scot.

Nuair a chaidh am plana seo a sgrìobhadh, bha [Planaichean Gàidhlig](#) aig 57 ùghdarrasan poblach ann an Alba. Tha na planaichean seo a' mìneachadh mar a chleachdas buidhnean a' Ghàidhlig agus a chuireas iad cleachdadh na Gàidhlig an comas a thaobh nam prìomh raointean obrach aca.

1.3 Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha taic Coilltearachd na h-Alba ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2018-23 "gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean".

Tha sinn airson an t-amas seo a choileanadh tro bhith a' cur fòcas air obair anns na trì cinn seo:-

¹ [Clàran Nàiseanta na h-Alba, SP13/2011, Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011: Aithisg na Gàidhlig \(pàirt 1\), td6](#)

² [Bord na Gàidhlig, Dàta Foghlam Gàidhlig 2019/20](#)

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn
- A' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn
- A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig far an gabh seo dèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

1.4 In-sgrùdadh air Comas Cànan

Chan eil mòran rannsachaidh ann a thaobh na h-ìre is gu bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn no air a tuigsinn le sgioba-obrach Coilltearachd na h-Alba. Gus aghaidh a chur air seo, nithear In-sgrùdadh air Comas Cànan as t-Foghar 2023. Bheir seo seachad am mion-fhiosrachadh a leanas:

- Àireamh an luchd-obrach aig Coilltearachd na h-Alba aig a bheil comas Gàidhlig a bhruidhinn, leughadh, sgrìobhadh no a thuigsinn agus an ìre aig a bheil na sgilean cànan sin.
- Àireamh luchd-obrach Coilltearachd na h-Alba a tha a' dèanamh trèanadh ann an sgilean Gàidhlig (gu pearsanta no san àite obrach) agus an àireamh a tha air ùidh a nochdadh ann an trèanadh mar seo.
- Na roinnean agus/no àiteachan taobh a-staigh Coilltearachd na h-Alba anns a bheil an luchd-obrach seo ag obair.
- Àireamh nan dreuchdan a tha air an comharrachadh mar-thà far a bheil a' Ghàidhlig na sgil obrach riatanach no buannachdail.
- Na seirbheisean no pròiseasan air an taobh a-staigh a tha air an dèanamh tro mheadhan na Gàidhlig mar-thà.

1.5 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus lìbhrigeadh fios gum feumar plana Gàidhlig a dheasachadh

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

Is e aon de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

1.6 Co-chomhairleachadh air an dreachd Plana Gàidhlig

Tha Achd 2005 ag ràdh gum feum buidhnean poblach deasachadh a' Phlana Gàidhlig aca a thoirt gu aire a h-uile duine/buidheann aig am biodh ùidh sa chùis.

'S e adhbhar na co-chomhairle seo beachdan a shireadh bho gach neach aig a bheil ùidh anns an àite a th' againn mar Bhuidheann ann a bhith a' dìon agus a' leasachadh na Gàidhlig.

Bidh a' cho-chomhairle a' tachairt eadar 28 Màrt agus 9 Cèitean 2022. Cuidichidh na beachdan agad sinn gus an tionndadh mu dheireadh a chur ri chèile. Thèid crìoch a chur air a' phlana às dèidh na co-chomhairle agus thèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta.

2. Prìomh phrionnsabalan

Tha an earrann seo den phlana a' soilleireachadh aonta Coilltearachd na h-Alba do phrìomh phrionnsabalan a chaidh aontachadh le Sgioba Gnìomh Coilltearachd na h-Alba a thèid a chur an sàs air feadh a' phlana agus air feadh na Buidhne.

2.1 Spèis cho-ionann

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair acasan.

Nì Coilltearachd na h-Alba cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

2.2 Tairgse Ghnìomhach

Bidh Coilltearachd na h-Alba a' tairgsinn nan seirbheisean Gàidhlig againn gu gnìomhach dhan luchd-obrach againn agus dhan phoball. Nì seo cinnteach, nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gum bi luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan a choileanadh mas e sin a thaghas iad.

'S e an t-amas againn dèanamh cinnteach gum bi na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

2.3 Àbhaisteachadh

Nì Coilltearachd na h-Alba a dhìcheall gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig a' phoball agus aig an luchd-obrach againn gus Gàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, a' cumail taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean.

3. Gealltanasan a' Phlana

3.1 Na Gealltanasan Àrd-ìre againn

Tha amasan Àrd-ìre Coilltearachd Alba nan roghainn bheag de ghnìomhan aig ìre ro-innleachdail, dlùth-cheangailte ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23. Tha taic ris na gealltanasan a tha Coilltearachd na h-Alba a' dèanamh ann an 3.1 bho ghnìomhan agus builean soilleir ann an earrann 3.2. Thairis air an ath chòig bliadhna mar Bhuidheann tha sinn airson poileasaidhean agus cleachdaidhean soilleir a stèidheachadh gus an tairgse Ghàidhlig againn a leasachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach agus luchd-ùidh mothachail air seo agus a' faireachdainn gu bheil an taic iomchaidh aca.

A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Tha sinn air rùnachadh cur ri cleachdadh nan Gàidhlig ann an raointean far am biodh an ùidh a bu mhotha aig a' phoball san fharsaingeachd no far a bheil cuspairean ann a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin. Tro gach taobh de dh'obair Coilltearachd na h-Alba comharraichidh sinn suidheachaidhean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig riatanach, ion-mhiannaichte no far a bheil e a' cur ri amas Plana Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 gus 'Gàidhlig a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean', a' gabhail a-steach far a bheil sinn a' dèiligeadh ris na buidhnean com-pàirteachais, buidhnean luchd-ùidh no ris a' mhòr-shluagh.
Buil a thathar ag iarraidh	Gun tèid spèis cho-ionann a thoirt don Ghàidhlig thar brannd Coilltearachd na h-Alba air àrd-ùrlaran agus stuthan an dà chuid air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh.
Cleachdadh làithreach	Tha cleachdadh tron bhuidhinn neo-chunbhalach
Gnìomhan a dhìth	Nì Coilltearachd na h-Alba ùrachadh air stiùireadh na maoine coimhearsnachd gus innse gu bheil pròiseactan a tha a' cleachdadh choilltean gus a' Ghàidhlig adhartachadh ion-roghnach. Brosnaichear gu bheil fàilte daonnan air conaltradh bhon phoball, bho ghnothachasan agus bho luchd-ùidh sa Ghàidhlig tro na h-àrd-ùrlaran didseatach poblach againn.
Ceann-latha targaid	Leantainneach
Uallach	Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh Plana Gàidhlig Coilltearachd na h-Alba

Amas Àrd-ìre	Nì sinn cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a fighe a-steach ann an structar corporra Coilltearachd na h-Alba, a' gabhail a-steach ach gun a bhith cuibhrichte ri, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a' nochdadh ann am planaichean is poileasaidhean corporra is gnìomhachais na buidhne, agus far a bheil e iomchaidh, anns a' chonaltradh againn le custamairean is luchd-ùidh.
Buil a thathar ag iarraidh	Gun tèid spèis cho-ionann a thoirt don Ghàidhlig thairis air planaichean agus poileasaidhean Coilltearachd na h-Alba
Cleachdadh làithreach	Tha cleachdadh tron bhuidhinn neo-chunbhalach
Gnìomhan a dhìth	Cùm oirnn a' cur ro-ràdh dà-chànanach ann am prìomh sgrìobhainnean na buidhne. Cruthaich stiùireadh gus comharrachadh dè na sgrìobhainnean a bu chòir fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla gu for-ghnìomhach. An àireamh de fhoillseachaidhean agus sgrìobhainnean dà chànanach a leudachadh a-rèir stiùireadh. Cùm oirnn a bhith a' tabhann eadar-theangachadh Gàidhlig de gach sgrìobhainn ma thèid seo iarraidh. Cleachd eileamaidean Gàidhlig (m.e. ainmean Gàidhlig, fo-thiotalan dà-chànanach, gearr-chunntas Gàidhlig) ann am prìomh fhoillseachaidhean.
Ceann-latha targaid	Leantainneach - gheibhear clachan-mìle sònraichte agus gnìomhan mionaideach ann an earrann 3.3 den phlana seo
Uallach	Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh Plana Gàidhlig Coilltearachd na h-Alba

A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e cothroman a chruthachadh airson cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean làitheil. Brosnaichidh sinn daoine tro bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sa chonaltradh agus sanasachd againn. Bheir sinn comas agus taic do luchd-obrach gus na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart.
Buil a thathar ag iarraidh	Barrachd mothachaidh agus spèis dhan Ghàidhlig, seirbheisean/goireasan rim faighinn agus pasgan trèanaidh ri faighinn dhan luchd-obrach air fad le

	tairgse chunbhalach a' cuideachadh luchd-obrach ann a bhith a' fuaimneachadh/leughadh ainmean-àite/dealbh-tìre Gàidhlig. Agus tairgse trèanadh Gàidhlig shoilleir chunbhalach do chloinn a tha airson Gàidhlig ionnsachadh/togail air a' Ghàidhlig a th' aca.
Cleachdadh làithreach	Bha trèanadh ri fhaotainn do luchd-obrach roimhe seo ach chan eil tairgse air a bhith ann bho chaidh Coilltearachd na h-Alba a stèidheachadh.
Gnìomhan a dhìth	Cruthaich plana conaltraidh a-staigh agus a-muigh gus na seirbheisean agus na goireasan Gàidhlig a tha rim faighinn a bhrosnachadh. Tha grunn ghnìomhan iomchaidh eile air an liostadh ann an earrann 3.3 den phlana seo
Ceann-latha targaid	Bliadhna a dhà
Uallach	Sgioba Conaltraidh Corporra agus Daoine

A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig, a' brosnachadh a cleachdadh agus a luach agus ag àrdachadh a h-inbhe tron obair againn ann a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic do riaghladh seasmhach nan coilltean, ag obair ann an com-pàirteachas le feadhainn eile ann an roinn na coilltearachd agus tarsainn an riaghaltais gus na tha choilltean agus choilltean a' cur ri Alba, a h-eaconamaidh agus àrainneachd; agus na tha choilltean is choilltean a' cur ri slàinte is sunnd sluagh na h-Alba a chur am meud.
Buil a thathar ag iarraidh	Gum bi daoine air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh mothachail air agus a' cleachdadh ar tairgse de thaic dhan Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Tha cleachdadh tron bhuidhinn neo-chunbhalach
Gnìomhan a dhìth	Lèirmheas air teamplaidean, soidhnichean, suaicheantasan, sgrìobhainnean, àrd-ùrlaran agus pròiseasan poblach. Obraich le Ùghdarrasan Poblach eile aig a bheil planaichean Gàidhlig
Ceann-latha targaid	Leantainneach - gheibhear clachan-mìle sònraichte agus gnìomhan mionaideach ann an earrann 3.3 den phlana seo
Uallach	Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh Plana Gàidhlig Coilltearachd na h-Alba

3.2 Gealltanasan Eile

Taic agus spèis do dh'ionnsachadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Thoir taic agus aithnich cho cudromach 's a tha foghlam Gàidhlig agus sinn a' cruthachadh ghoireasan Coilltearachd na h-Alba a tha brosnachail, buntainneach agus feumail.
Buil a thathar ag iarraidh	Tha stuthan foghlam cliùiteach aig Coilltearachd na h-Alba a tha air an cleachdadh gu farsaing.
Cleachdadh làithreach	Tha cuid de stuthan rim faighinn air làrach-lìn OWL agus san eòlaire air ionnsachadh a-muigh.
Gnìomhan a dhìth	Tha na prìomh gnìomhan air am mìneachadh air taobh-duilleig 14
Ceann-latha targaid	Bliadhna a trì
Uallach	Sgioba an foghlaim

3.3 Amasan Seirbheisean Corporra

Inbhe

Buil a thathar ag iarraidh	Suaicheantas agus brand Cuir cruth air an t-suaicheantas corporra agus air a' bhrannadadh an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bu chòir dhan t-suaicheantas an aon ìre follaiseachd a thoirt dhan dà chànan.
Cleachdadh làithreach	Bithear a' cleachdadh suaicheantas dà-chànanach air a h-uile prìomh sgrìobhainn. Tha cleachdadh an t-suaicheantais seo air a bhrosnachadh tro stiùiridhean brand na buidhne.
Gnìomhan a dhìth	Dèan sgrùdadh air teamplaidean corporra gus dèanamh cinnteach gu bheil an dà chànan follaiseach san t-suaicheantas. Ùraich teamplaidean sam bith nach eil a rèir nam builean a thathar ag iarraidh.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a h-aon
Uallach	Conaltradh

Buil a thathar ag iarraidh	Soidhnichean Bidh soidhnichean follaiseach a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
----------------------------	---

Cleachdadh làithreach	Chaidh Coilltearachd na h-Alba a stèidheachadh mar bhuidheann ùr ann an 2019 - chan eil a h-uile soidhne air ùrachadh dhan bhrann ùr fhathast.
Gnìomhan a dhìth	Cruthaichidh Coilltearachd na h-Alba poileasaidh sgrìobhte a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns na soidhnichean aige agus cleachdaidh e suaicheantas dà-chànanach mar an standard Dèan sgrùdadh air riathanasan oifis Dèan gach soidhne maireannach dà-chànanach nuair a thèid ùrachadh no aig a' chiad chothrom.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a h-aon / leantainneach airson soidhnichean a thoirt seachad
Uallach	Conaltradh agus Taic Ghnìomhachais

Conaltradh leis a' Phoball

Buil a thathar ag iarraidh	Brosnachadh Teachdaireachd bhrosnachail gu bheilear daonnan a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball, gnìomhachasan agus luchd-ùidh anns a' Ghàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Cruthaich pròiseas taobh a-staigh na buidhne Sgrìobh agus aontaich teachdaireachdan airson àrd-ùrlaran sòisealta agus duilleagan-lìn (a' gabhail a-steach "fios thugainn", duilleagan mu obraichean is msaa). Aontaich na duilleagan-lìn air am bi an teachdaireachd. Dean dreach de/aontaich teacs a' bhaisteach airson sgrìobhainnean corporra.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a h-aon
Uallach	Conaltradh

Buil a thathar ag iarraidh	Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga chur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh a' bhaisteach na buidhne.
Cleachdadh làithreach	Chan eil seo a' tachairt air feadh na buidhne air fad aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Pròiseasan soilleir a bhith an sàs airson a bhith a' freagairt sa Ghàidhlig.

	Cumail oirnn le cinn-litreach dà-chànanach air feadh na h-Alba. Dèan sgrùdadh air na foirmean làithreach, ùraich gin sam bith air nach eil aithris Ghàidhlig no nòta fàilte. Comharraich far a bheil na foirmean didseatach againn fo shealbh agus air an dèanamh le Riaghaltas na h-Alba/buidhnean eadar-dhealaichte agus tuig dòigh-obrach an luchd-ùidh seo, agus cuideachd an ùine, comas agus cosgais gus bann-cinn dà-chànanach, aithris Ghàidhlig agus nòta fàilte a chur ann. Bidh bann-cinn dà-chànanach, aithris Ghàidhlig agus nòta fàilte Gàidhlig air a h-uile prìomh theamplaid aig Coilltearachd na h-Alba. Bidh a h-uile pròiseas gearain dà-chànanach air an làraich-lìn.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a h-aon (a' leantainn air feadh a' phlana airson teamplaidean a tha a' tighinn bho shiostaman)
Uallach	Conaltradh

Buil a thathar ag iarraidh	Fàilteachas is fòn Far am bi e comasach do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, thèid taic a chumail riutha gus seo a dhèanamh agus thèid an t-seirbheis a bhrosnachadh dhan phoball.
Cleachdadh làithreach	Chan eil seo a' tachairt aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Dèan an Sgrùdadh air Comas sa Ghàidhlig gus luchd-obrach le Gàidhlig (agus dreuchdan iomchaidh) a chomharrachadh a dh'fhaodadh an t-seirbheis seo a thoirt seachad ma bhios feum air. Brosnaich luchd-obrach a bhith ag ionnsachadh mar a nì iad fàilte sa Ghàidhlig, le prìomhachas air an dà sgioba Glèidhteachais airson nan Eilean Siar agus airson na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal. Far an urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig seirbheis a thoirt seachad tron Ghàidhlig, cumaidh sinn taic riutha gus seo a dhèanamh agus brosnachidh sinn seo gu gnìomhach tro na seanailean didseatach againn a-staigh agus a-muigh.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a dhà/a trì

Uallach	Sgioba nan Daoine (Ionnsachadh is Leasachadh Sgilean), Glèidhteachas, Conaltradh
---------	--

Buil a thathar ag iarraidh	Coinneamhan poblach Tha cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gan sireadh agus gam brosnachadh gu cunbhalach.
Cleachdadh làithreach	Chan eil pròiseasan foirmeil ann agus chan eil sgioba tachartasan aig Coilltearachd na h-Alba.
Gnìomhan a dhìth	Stèidhich pròiseas soilleir airson tachartasan.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a trì
Uallach	Oifis Gnìomh

Fiosrachadh

Buil a thathar ag iarraidh	Fiosan Naidheachd Bithear a' cuairteachadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Cleachdadh làithreach	Thèid eadar-theangachadh Gàidhlig a thoirt seachad ma thèid seo iarraidh.
Gnìomhan a dhìth	Dèan cinnteach gu bheil na meadhanan Gàidhlig air na liostaichean sgaoilidh do na meadhanan. Cùm oirnn a' tabhann eadar-theangachadh Gàidhlig air gach fios naidheachd ma thèid seo iarraidh. Pròiseas a stèidheachadh gus measadh a dhèanamh air brathan-naidheachd a bhiodh iomchaidh airson eadar-theangachadh. Meudachadh a dhèanamh air an àireamh de bhrathan-naidheachd dà chànanach. Sgrìobh teacsa airson làraichean-lìn.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a h-Aon/tro bheatha a' phlana air fad
Uallach	Meadhanan

Buil a thathar ag iarraidh	Meadhanan Sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.
Cleachdadh làithreach	Chan eil rud sam bith an gnìomh
Gnìomhan a dhìth	Gealltanais co-dhiù 14 postaichean dà-chànanach a chur suas sa chiad bhliadhna agus seo àrdachadh gu co-dhiù 20 às dèidh sin.

Ceann-latha targaid	Bliadhna a h-Aon/tro bheatha a' phlana air fad
Uallach	Na meadhanan agus conaltradh

Buil a thathar ag iarraidh	Làrach-lìn Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn Coilltearachd na h-Alba, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn.
Cleachdadh làithreach	Tha beagan susbaint Ghàidhlig ri fhaighinn.
Gnìomhan a dh'ith	Dèan sgrùdadh air na prìomh dhuilleagan gus seirbheis eadar-theangachaidh Gàidhlig a bhrosnachadh mar phàirt de dh'obair ùrachadh na làraich-lìn. Bidh duilleagan a' gabhail a-steach tuairisgeul mun bhuidhinn air an duilleig tòiseachaidh, duilleagan mu ar deidhinn, duilleagan conaltraidh is msaa Cruthaich teacsa dà-chànanach do na duilleagan a chaidh a chomharrachadh. Dèan rannsachadh air a' bhuidheann a bhiodh air bathar-bog eadar-theangachaidh a bhith air an làraich-lìn gus an t-susbaint air fad eadar-theangachadh gu Gàidhlig. Iarr aonta bho BhnG gus dèanamh cinnteach gu bheil am bathar-bog iomchaidh. Ùraich an duilleag air làrach-lìn Coilltearachd na h-Alba mun Phlana Ghàidhlig.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a dhà
Uallach	Conaltradh

Buil a thathar ag iarraidh	Foillseachaidhean Corporra Air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine
Cleachdadh làithreach	Tha prìomh theamplaidean aig Coilltearachd na h-Alba anns a bheil suaicheantas dà-chànanach agus aithris lèirsinn. Chan eil seo air a h-uile litir conaltraidh, m.e. litrichean mu thabhartasan. Ro-ràdh dà-chànanach airson cuid de dh'fhoillseachaidhean a' gabhail a-steach na h-Aithisg Bhliadhnail, ro-innleachd agus Planaichean Gnìomhachais Tha eadar-theangachadh Gàidhlig de na foillseachaidhean uile ri fhaotainn ach chan eil e air a bhrosnachadh gu gnìomhach.

Gnìomhan a dhìth	Bidh suaicheantas dà-chànanach agus aithris lèirsinn air a h-uile teamplaid chorporra far a bheil sin comasach. Cùm oirnn a' cur ro-ràdh dà-chànanach ann am prìomh sgrìobhainnean na buidhne. Nì sinn lèirmheas gus cur ri foillseachaidhean agus sgrìobhainnean dà-chànanach. Cruthaich stiùireadh gus comharrachadh dè na sgrìobhainnean a bu chòir fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla gu for-ghnìomhach. Cùm oirnn a bhith a' tabhann eadar-theangachadh Gàidhlig de gach sgrìobhainn ma thèid seo iarraidh. Cleachdaidh sinn eileamaidean Gàidhlig (m.e. ainmean Gàidhlig, fo-thiotalan dà-chànanach, geàrr-chunntas Gàidhlig) ann am prìomh fhoillseachaidhean.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a dhà/a trì
Uallach	Conaltradh

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh a' chànan Tha pròiseas an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig anns an fhiosrachadh chorporra aig ìre àrd.
Cleachdadh làithreach	Chan eil pròiseasan foirmeil an sàs
Gnìomhan a dhìth	Pròiseas foirmeil gu bhith air a chruthachadh agus air innse dhan luchd-obrach air fad agus ruigsinneach dhan luchd-obrach air fad.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a dhà
Uallach	Conaltradh.

Buil a thathar ag iarraidh	Foghlam Cùm oirnn a' tabhann agus a' cruthachadh stuthan foghlaim Gàidhlig ruigsinneach iomchaidh.
Cleachdadh làithreach	Tha stuthan foghlaim Gàidhlig rim faighinn air làrach-lìn OWL agus san eòlaire air ionnsachadh a-muigh.
Gnìomhan a dhìth	Dèan lèirmheas air prìomh ghoireasan foghlaim agus dèan cinnteach gu bheil iad sin sa Ghàidhlig. Bidh na stuthan foghlaim uile an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla bho seo a-mach.

	Cumaidh Coilltearachd na h-Alba sùil air mar a bhios sinn ag obair le buidhnean àrainneachdail eile le Planaichean Gàidhlig a thaobh stuthan foghlaim. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith ag obrachadh le Coilltearachd is Fearann Alba gus beachdachadh air goireas nàiseanta a chruthachadh a ghabhadh cleachdadh ann an sgoiltean/suidheachaidhean foghlaim stèidhichte air aibidil na Gàidhlig agus a ceangal ri gnèithean craoibhe. Dèan lèirmheas bliadhnail air gnìomhachd agus soirbheachas.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a dhà
Uallach	Foghlam

Luchd-obrach

Buil a thathar ag iarraidh	In-sgrùdadh Dèan sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.
Cleachdadh làithreach	Chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Dèan sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus air feumalachdan trèanaidh Gàidhlig as t-Foghar 2023 agus as t-Foghar 2025. Cleachd am fiosrachadh a gheibhear bhon sgrùdadh gus feumalachdan taic is trèanaidh Gàidhlig an luchd-obrach a chomharrachadh.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a h-aon is a trì
Uallach	Sgioba nan Daoine/Conaltradh

Buil a thathar ag iarraidh	Inntrigeadh Bidh fios mu Phlana Ghàidhlig an ùghdarrais mar phàirt den inntrigeadh aig luchd-obrach ùra uile
Cleachdadh làithreach	Chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Cuir am Plana Gàidhlig air duilleag inntrigidh an luchd-obrach air SharePoint agus eadra-lìon Coilltearachd na h-Alba. Dèan cinnteach gu bheil cothroman trèanaidh Gàidhlig air an comharrachadh aig àm inntrigidh.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a h-aon
Uallach	Sgioba nan Daoine

Buil a thathar ag iarraidh	Trèanadh cànan Trèanadh is leasachadh ann an sgilean Gàidhlig gu bhith air a thabhann dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur an gnìomh Plana Gàidhlig Coilltearachd na h-Alba.
Cleachdadh làithreach	Chaidh seo a thabhann leis a' bhuidhinn a bh' ann romhainn, chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Brosnaich goireasan an-asgaidh a tha rim faighinn mar eisimpleir, Duolingo SpeakGaelic is LearnGaelic.scot. Coimhead air trèanadh / taic dhan luchd-obrach iomchaidh uile air fuaimneachadh bunaiteach air ainmean Gàidhlig.
Ceann-latha targaid	Tron phlana air fad
Uallach	Sgioba nan Daoine (Ionnsachadh is Leasachadh Sgilean)/Conaltradh

Buil a thathar ag iarraidh	Trèanadh mothachaidh Trèanadh mothachaidh Gàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh gu dìreach leis a' mhòr-shluagh.
Cleachdadh làithreach	Chan eil cleachdadh an sàs aig an àm seo. Ruith a' bhuidheann a bh' ann romhainn seiseanan mothachaidh Gàidhlig gu h-eachdraidheil.
Gnìomhan a dhìth	Nì sinn seiseanan mothachaidh Gàidhlig a-rithist, le prìomhachas airson an Sgioba-stiùiridh, Buill a' Bhùird agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh leis a' phoball agus an fheadhainn a tha ag obair ann an coimhearsnachdan eileanach is dùthchail.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a dhà
Uallach	Sgioba nan Daoine (Ionnsachadh is Leasachadh Sgilean)

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Ag aithneachadh agus a' toirt spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseas fastaidh tron bhuidhinn air fad.
Cleachdadh làithreach	Chan eil cleachdaidhean an sàs aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Bheir sinn iomradh air Plana Gàidhlig Coilltearachd na h-Alba ann an tuairisgeulan obrach agus sanasan obrach iomchaidh. Dèan lèirmheas air stiùireadh fastaidh gus cothroman a chomharrachadh gus Gàidhlig a chur ris mar shlat-tomhais riatanach/buannachdail.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a trì
Uallach	Sgioba nan Daoine

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh A' Ghàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no buannachdail ann an dealbhan-obrach gus am Plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir stiùireadh fastaidh Bhòrd na Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Chan eil cleachdaidhean an sàs aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Bheir sinn seachad dealbhan obrach ann an Gàidhlig agus Beurla airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach airson na h-obrach.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a dhà
Uallach	Sgioba nan Daoine

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Sanasan obrach dà-chànanach airson obraichean far a
----------------------------	---

	bheil Gàidhlig na sgil riatanach.
Cleachdadh làithreach	Chan eil cleachdaidhean an sàs aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Brosnachadh a dhèanamh air a' Ghàidhlig agus air plana Gàidhlig SF tron phròiseas fastaidh gus luchd-labhairt na Gàidhlig a bhrosnachadh gus tagradh a chur a-steach airson dreuchdan.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a dhà
Uallach	Sgioba nan Daoine

Corpas na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì a' bhuidheann.
Cleachdadh làithreach	Chan eil gnìomh sam bith an sàs aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Leanaidh gach eadar-theangaire an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a h-aon agus tro bheatha a' phlana air fad
Uallach	Conaltradh le taic bho Sgioba nan Daoine.

Buil a thathar ag iarraidh	Ainmean-àite Bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba. Trèanadh cunbhalach ri fhaighinn gus an luchd-obrach air fad a chuideachadh le bhith a' fuaimneachadh/a' leughadh ainmean-àite Gàidhlig/dealbh-tìre Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Tha sinn air Ainmean-Àite na h-Alba a chleachdadh airson litreachadh ainmean-àite ach chan eil e soilleir dè cho cunbhalach 's a tha cleachdaidhean tron bhuidhinn air fad.
Gnìomhan a dhìth	Nì sinn cinnteach gu bheil stiùireadh làidir ann air mar a bhios sinn a' sireadh comhairle bho Ainmean-àite na h-Alba, buidheann stiùiridh nàiseanta air ainmean-àite Gàidhlig gus an cleachd sinn ainmean-àite gu cunbhalach. Nì sinn cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail air an inneal seo agus nì sinn cinnteach gu bheil stiùireadh soilleir ruigsinneach air mar a chleachdas sinn e air an eadra-lìon againn. Comharraich trèanadh iomchaidh air ainmean-àite agus cruthan-tìre Gàidhlig dhan luchd-obrach.
Ceann-latha targaid	Bliadhna a h-aon agus tro bheatha a' phlana air fad.

Uallach	Conaltradh
---------	------------

4. Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh

Nàiseanta

Tha Coilltearachd agus Fearann Alba ag aithneachadh gum bi a' Ghàidhlig a' cur ri coileanadh [an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta](#) tro na buannachdan sòisealta, eaconamach agus foghlaim a tha i a' toirt seachad.

Tha sinn den bheachd gun cuidich am Plana Gàidhlig seo gus na prìomhachasan a leanas san Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta a thoirt air adhart:

- Coimhearsnachdan – le bhith a' toirt seachad prìomh sheirbheisean agus taic sa Ghàidhlig tha sinn ag amas air a bhith nar buidheann in-ghabhalach aig Riaghaltas na h-Alba a chuidicheas gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan Albannach.
- Clann is Daoine Òga/Foghlam - le bhith a' cumail suas agus a' cruthachadh nan goireasan foghlaim Gàidhlig tha sinn a' toirt spèis do chloinn a tha airson Gàidhlig ionnsachadh.
- Slàinte – tha àite cudromach aig na coilltean againn ann an sunnd slugh na h-Alba, agus le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an obair againn ri faighinn sa Ghàidhlig tha sinn a' creidsinn gun ruig sinn agus gun obraich sinn le luchd-amais nas fharsainghe.
- Àrainneachd – tha àite ro-chudromach aig craobhan ann a bhith a' cur an aghaidh atharrachadh gnàth-shìde agus call nàdair, agus tha sinn a' creidsinn le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an obair againn ri faighinn sa Ghàidhlig gun cuidich seo le bhith a' ruighinn luchd-amais nas fharsainghe leis an obair againn.
- Cultar – Tron phlana seo tha sinn dealasach a thaobh an dleastanais againn ann a bhith ag àrdachadh inbhe, cleachdadh agus togail na Gàidhlig.

Gheibhear fiosrachadh a bharrachd mu na Builean Corporra againn agus ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta sa [Phlana Chorporra](#) againn.

5. Foillseachadh agus Conaltradh

Thèid Plana Gàidhlig Coilltearachd na h-Alba fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

- Cuiridh sinn a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana, le taic bho shusbaint iomchaidh sna meadhanan sòisealta.
- Sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do phrìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, priobhaideach agus san treas roinn

- Sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean Gàidhlig iomchaidh agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis
- Cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh
- Thèid fiosrachadh mu fhoillseachadh a' Phlana Ghàidhlig a sgaoileadh dhan luchd-obrach againn tro na seanailean conaltraidh a-staigh againn. Bidh am fiosrachadh a' gabhail a-steach fiosrachadh mu dhleastanas airson lìbhrigeadh agus na cothroman do luchd-obrach a bhith a' cleachdadh an cuid Gàidhlig agus/no a bhith a' cur ris na sgilean aca.

6. A' goireasachadh a' Phlana

Chan eil Coilltearachd na h-Alba an dùil cosgaisean susbainteach a bharrachd a bhith ann mar thoradh air na gealltanasan seo, ach a-mhàin cosgaisean luchd-obrach agus eadar-theangachaidh, a thig à buidseatan a th' ann mar-thà. Dh'fhaodte gun tèid maoineachadh bhon taobh a-muigh iarraidh airson pròiseactan fa leth, mar eisimpleir, a' cruthachadh stuthan margaideachd, goireasan didseatach sa Ghàidhlig agus goireasan Gàidhlig airson ionnsachadh leis an luchd-obrach agus mothachadh/trèanadh an luchd-obrach. Mar bhuidheann tha sinn an urra ri cuid de sheirbheisean leithid Ionnsachadh is Leasachadh Sgilean, fastadh, taic HR is sunnd is mar sin air adhart tro aonta ìre seirbheis le buidhnean Riaghaltas na h-Alba eile ach tha sinn a' gluasad cuid de dh'eileamaidean den taic seo do sholaraichean eile. Mas e is nach eil trèanadh mothachaidh agus trèanadh Gàidhlig do luchd-obrach agus pròiseasan a thaobh fastaidh a' tighinn fo na h-aontaidhean ìre seirbheis ùraichte againn is dòcha gum feum sinn an ceann-latha airson cuid de ghnìomhan atharrachadh.

7. Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana

Bidh sgioba Conaltraidh Coilltearachd na h-Alba a' cumail sùil air a' Phlana Ghàidhlig le taic bho na roinnean eile air an comharrachadh mar phàirt de Bhuidheann Sgrùdaidh is Buileachaidh a' Phlana Ghàidhlig. Bidh iad an urra ri ath-sgrùdadh bliadhnaile air targaidean nam planaichean 12 mhìos às dèidh dhan Phlana a bhith air aontachadh agus gach bliadhna às dèidh sin. Thèid an aithisg a chur gu Bòrd na Gàidhlig agus bi i ri faighinn dhan phoball. Thèid fios mun aithisg a cho-roinn le luchd-obrach tro sheanailean conaltraidh taobh a-staigh na buidhne.

8. Am Plana Gàidhlig ann an Coilltearachd na h-Alba

Uallach airson a' phlana aig a' cheann thall

Tha uallach iomlan air Ceannard Oifis Gnìomh Coilltearachd na h-Alba airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Ùghdarras Coilltearachd na h-Alba. Is urrainnear fios a chur thuige mar a leanas: -

Jonathan Taylor
Ceannard Oifis Gnìomh Coilltearachd na h-Alba
Coilltearachd na h-Alba
Taigh Saughton
Dràibh Broomhouse
Dùn Èideann
EH11 3XD

Fòn – 07771 667042
jonathan.taylor@forestry.gov.scot

8.2 Uallach làitheil airson a' phlana

Tha uallach làitheil air Ceannard Conaltradh Corporra airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Coilltearachd na h-Alba. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Rachel Martin
Ceannard nan Conaltraidhean Corporra
Coilltearachd na h-Alba
Taigh Saughton
Dràibh Broomhouse
Dùn Èideann
EH11 3XD

Rachel.martin@forestry.gov.scot

Ullachaidhean Rianachd air Buileachadh a' Phlana Ghàidhlig

Tha am plana seo na phoileasaidh aig Coilltearachd na h-Alba agus chaidh aontachadh leis an àrd-sgioba stiùiridh agus leis an Àrd-oifigear.

Luchd-obrach fa leth:

Bidh luchd-obrach air an comhairleachadh a thaobh far a bheil am Plana ri fhaighinn air an Eadra-lìon againn agus bidh iad air am brosnachadh gus beachdan a thoirt air rè na h-ùine co-chomhairleachaidh, agus gus molaidhean a thoirt seachad a thaobh leasachaidhean rè ùine a' phlana.

8.8 Buidheann buileachaidh is sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig

Mar a mhol Bòrd na Gàidhlig, cruthaichidh Coilltearachd na h-Alba Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh airson a' Phlana Ghàidhlig. Bidh seo na buidheann de cho-obraichean à air feadh na buidhne. Thathar a' sgrìobhadh bun-riaghailtean na buidhne aig an àm seo agus thèid am foillseachadh san tionndadh mu dheireadh den Phlana Gàidhlig.

8.4 A' Co-obrachadh le Luchd-obrach

Mar a chaidh mìneachadh gu h-àrd, thèid fiosrachadh mu fhoillseachadh a' Phlana Ghàidhlig a sgaoileadh leis an luchd-obrach againn tro na seanailean conaltraidh a-staigh againn. Bidh am fiosrachadh a' gabhail a-steach fiosrachadh mu dhleastanasan Coilltearachd na h-Alba a thaobh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005; dleastanas airson lìbhrigeadh; agus na cothroman do luchd-obrach a bhith a' cleachdadh an cuid Gàidhlig agus/no a bhith a' cur ris na sgilean aca. Obraichidh Ceannard nan Conaltraidhean Corporra le luchd-obrach, a bharrachd air an fheadhainn a tha an urra ri seo gus taic a chumail ri bhith a' cur gnìomhan aontaichte an gnìomh.

8.5 Buidhnean Leth-eisimeileach is Treas Pàrtaidhean

Bheirear fiosrachadh mun Phlana Ghàidhlig againn dhan a h-uile buidheann a tha a' lìbhrigeadh seirbheisean/bathar às leth Coilltearachd na h-Alba. Nì seo cinnteach gun urrainn do chunnradairean agus treas-phàrtaidhean eile a bhith mothachail air, agus gun urrainn dhaibh cuideachadh gus na gealltanasan anns a' phlana a lìbhrigeadh far a bheil seo iomchaidh.

9.0 Eàrr-ràdh 1 - Toraidhean na Co-chomhairle

Facal-tòiseachaidh

Chaidh a' cho-chomhairle phoblach air dreachd Plana Gàidhlig Coilltearachd na h-Alba fhoillseachadh air 19 Giblean 2022 agus dhùin i air 3 Ògmhios 2022. Bha dreachd plana a bha ruigsinneach agus furasta a chleachdadh ri fhaighinn dhan phoball, do luchd-ùidh agus do bhuidhnean eile. Bha e air an làraich-lìn againn agus chaidh cur air bhog a' phlana a bhrosnachadh tro na seanailean meadhanan sòisealta againn leithid Twitter, Facebook agus msaa. Bha dreachan Beurla is Gàidhlig den cho-chomhairle rim faighinn. Mar thoradh air galar lèir-sgaoilte COVID-19 cha robh coinneamh phoblach ann gus a' cho-chomhairle a shanasachadh. Anns a' cho-chomhairle, bha an dreachd phlana agus cothrom molaidhean a chur ris an dreachd phlana tro fhoirm fios-air-ais.

Modhan-obrach

Ruith a' cho-chomhairle fad sia seachdainean tro fhoirm didseatach air làrach-lìn Coilltearachd na h-Alba, air a bhrosnachadh tro na meadhanan sòisealta againn, le luchd-ùidh bhon taobh a-muigh agus leis an luchd-obrach againn. Mar a chaidh ainmeachadh roimhe, bha an dreachd phlana agus am foirm fios-air-ais rim faighinn an dà chuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig agus bha iad làn ruigsinneach gus am biodh iad cho furasta a chleachdadh 's a ghabhadh. Bha lethbhreacan a ghabhadh clò-bhualadh rim faighinn air iarrtas. Thug am foirm fios-air-ais didseatach cothrom do luchd-ùidh sealladh iomlan a thoirt seachad air gach taobh den phlana, aon uair is gun robh e deiseil, b' urrainn do luchd-ùidh am foirm a chur a-steach air-loidhne. Bha bogsa fios-air-ais fosgailte san fhoirm, a leigeadh le luchd-ùidh na beachdan aca - fada no goirid - a thoirt seachad.

Chaidh a h-uile fios air ais a fhuair a chur air adhart chun sgioba Conaltraidh Corporra airson ath-sgrùdadh agus gus beachdachadh air atharrachaidh sam bith a bha a dhìth air a' phlana.

Toraidhean

Uile gu lèir, fhuair sinn 2 fhreagairt dhan cho-chomhairle;

- 0 sa Ghàidhlig
- 1 bhon taobh a-staigh
- 1 bhon taobh a-muigh

Cuspairean nam Freagairtean

Chaidh dà chuspair eadar-dhealaichte a chomharrachadh tro na freagairtean, b' iad sin:

- **Goireasan** – Bha freagairt bhon taobh a-muigh a’ ceasnachadh am bu chòir airgead a chosg air a’ phlana.
- **Teamplaidean** – A rèir an fhios air ais bhon taobh a-staigh, tha tòrr de na teamplaidean didseatach aig Coilltearachd na h-Alba a’ tighinn bho shiostaman aig, agus tha iad fo shealbh, Riaghaltas na h-Alba agus mar sin feumaidh sinn conaltradh a dhèanamh le grunn luchd-ùidh bhon taobh a-muigh ma tha sinn airson dreachan Gàidhlig a bhith againn. Dh’fhaodadh gum biodh tòrr ùine agus goireasan an lùib seo, agus uaireannan dh’fhaodte nach bi e ion-dhèanta.

Ceistean

Chaidh beachdachadh gu faiceallach air fios air ais bho luchd-ùidh. Chaidh na gnìomhan gu h-ìosal a ghabhail mar fhreagairt air cuspairean a nochd anns na freagairtean;

- **Teamplaidean** – Mar fhreagairt air fios air ais bho luchd-ùidh tha sinn air an clàr-ama a leudachadh gus ar conaltradh sgrìobhte/teamplaidean a sgrùdadh agus ùrachadh gus am bi tìde gu leòr ann airson com-pàirteachadh luchd-ùidh bhon taobh a-muigh agus gus am bi goireasan gu leòr ann gus an gealltanais seo a lìbhrigeadh far a bheil e comasach.

Bu mhath le Coilltearachd na h-Alba taing a thoirt dhan a h-uile duine a ghabh pàirt sa cho-chomhairle air an dreachd phlana. Chan eil sinn den bheachd gu bheil feum air atharrachadh bunaiteach air an dreach phlana mar thoradh air a’ cho-chomhairle. Tha an dreachd phlana sùbailte gu leòr mar-thà gus freagairt air mòran de na puingeann a thog luchd-freagairt agus chaidh gabhail ri atharrachaidhean beaga.